

## Iomairt Gnèithean Sgaoilteach na h-Alba (SISI)

### Poileasaidh air Obair Shaor-thoileach

#### Mar deidhinn-ne

'S e pròiseact com-pàirteachaidh a th' ann an Iomairt Gnèithean Sgaoilteach na h-Alba/The Scottish Invasive Species Initiative (SISI), a tha a' co-obrachadh le coimhearsnachdan is saor-thoilich airson smachd a chumail air gnèithean sgaoilteach neo-dhùthchasach airson math nan àrainneachdan fiadh-bheatha dùthchasach is fìor-uisge againn.

Tha SISI air a stiùireadh le Dualchas Nàdair na h-Alba/Scottish Natural Heritage (SNH) agus air a maoineachadh le Maoin Dualchais a' Chrannchuir, agus tha Oilthigh Obar Dheathain agus 10 urrasan/bùird iasgaich nan com-pàirtichean. 'S iad na h-urrasan/bùird iasgaich na com-pàirtichean libhrigidh againn anns an àrainneachd agus 's ann còmhla riuthasan a tha na gnìomhan gan dèanamh agus 's iad a tha an urra riutha.

Tha barrachd fiosrachaidh mun phròiseact air an làraich-lìn againn [www.invasivespecies.scot](http://www.invasivespecies.scot)

#### Dleastanasan aig Saor-thoilich

Tha stèidheachadh lìonra de shaor-thoilich a bhios dealasach mu na h-àrainneachdan fìor-uisge againn riatanach do shoirbheas SISI agus bidh smachd leantainneach air gnèithean sgaoilteach ann mar dhileab a' phròiseict againn.

Tha sinn airson obair aig ìre na coimhearsnachd a stèidheachadh is a neartachadh le bhith a' cur lìonra de shaor-thoilich uidheamaichte, sgileil agus dealasach air dòigh agus a gheibh taic bho urrasan iasgaich ionadail, mar sin dheth, tha gealltanais fad-ùine ann airson smachd a chumail air gnèithean sgaoilteach neo-dhùthchasach an dèidh crìoch a' phròiseict SISI.

Tha sinn cuideachd airson is gum faigh saor-thoilich buannachd às an obair àrainneachail còmhla rinn, mar eisimpleir le bhith: a' cur ùine seachad sa bhlàr a-muigh agus a' toirt càileachd beatha is sunnd am feabhas, ag ionnsachadh sgilean ùra is a' leudachadh cothroman cosnaidh, a' brosnachadh conaltraidh agus 's dòcha an rud as cudromaiche le bhith a' faighinn tlachd is spòrs à obair chudromach sa choimhearsnachd.

#### Adhbhar a' phoileasaidh obair shaor-thoileach againn

Tha am poileasaidh obair shaor-thoileach againn air a dhealbhadh airson sealltainn do shaor-thoilich agus do dhaoine a dh'fhaodadh a bhith nan saor-thoilich gu bheil sinn air ùine a chosg agus cùram a ghabhail a' dealbhadh mar a chuireas sinn fàilte is taic air dòigh do shaor-thoilich an lùib na h-iomairt fhèin agus nan urrasan iasgaich com-pàirteachaidh. Tha seo a' dearbhadh a' ghealltanais againn gum bithear a' dèiligeadh le gach neach saor-thoileach gu cothromach agus a' stèidheachadh na taic a gheibh gach neach saor-thoileach airson an gealltanais luachmhor don iomairt.

#### Prionnsapalan

- Tha sinn a' cur luach mòr ann an obair nan saor-thoileach don iomairt agus ag aithneachadh gu bheil seo riatanach do shoirbheas a' phròiseict againn
- Tha sinn a' tuigsinn nach e luchd-obrach a th' ann an saor-thoilich agus gu bheil iad a' cur romhpa fhèin an cuid ùine is thàlant an luachmhor a chur a dh'ionnsaigh a' phròiseict againn
- Tha sinn a' tuigsinn gum faighear tlachd à obair shaor-thoileach agus gun urrainn dhi cur ri beatha dhaoine da rèir

- Tha sinn mothachail gum bi diofar sheòrsachan de shaor-thoilich le eachdraidh is eòlas eadar-dhealaichte an sàs anns a' phròiseact againn agus, mar sin dheth, cuiridh iad ann an diofar dhòighean agus gu diofar ìrean don iomairt. Tha sinn a' cur luach mòr air na sgilean agus an obair seo
- Tha sinn a' tuigsinn gum faigh saor-thoilich ann an cuid a shuidheachaidhean barrachd às an obair shaor-thoilich na gheibh sinn fhìn an toiseach de thoradh prataigeach an lùib phròiseactan. Tha seo mar phàirt den mhaoineachadh fhad-ùine agus den ghealltanais againn do shaor-thoilich agus do choimhearsnachdan mar thaic airson stiùireadh seasmhach air gnèithean sgaoilteach ann an sgìre a' phròiseict
- Bidh sinn a' liubhairt àrainn obrach shàbhailte is stiùirichte do na saor-thoilich againn agus bheir sinn dhaibh an t-uidheam riatanach airson na h-obrach anns a bheilear an sàs
- Bheir sinn seachad trèanadh foirmeil is neo-fhoirmeil agus cothroman ionnsachaidh is leasachadh sgilean do na saor-thoilich againn
- Nì sinn ar dìcheall agus saor-thoileach sam bith a ghabhail – a rèir nan goireasan againn airson taic a chumail riutha agus freagarrachd an neach saor-thoilich airson an gnìomh a choileanadh a rèir suidheachadh an àite-obrach

### Taic is stiùireadh

Thèid neach-taic a shònrachadh do gach saor-thoileach mar phrìomh neach-fiosrachaidh airson conaltraidh, cheistean, iarrtasan trèanaidh, taic no airson duilgheadasan fhuasgladh. 'S e Oifigear Pròiseict SISI no neach-obrach urrais iasgaich a bhios ann mar as trice.

An dèidh clàraidh, faodaidh gach saor-thoileach an Leabhar-làimhe do Shaor-thoilich a leughadh anns a bheil barrachd fiosrachaidh mu obair shaor-thoileach.

Tha am pròiseact SISI a' fastadh *Manaidsear Pròiseict* agus *Oifigear Shaor-thoileach is Conaltraidh* cuideachd, agus faodar fios a chur don dithis aca a thaobh taic mun phrògram saor-thoileach no airson cùisean fhuasgladh no a thaobh thrioblaidean le greis saor-thoileach.

### Na h-ìrean-obrach againn

Tha sinn ag iarraidh gum bi greis obrach thlachdmhor is bhuannachdail aig na saor-thoilich againn agus nì sinn ar dìcheall gun tèid sin a thoirt gu buil. Tha an luchd-obrach agus na com-pàirtichean againn dìoghrasach agus air an trèanadh airson seo a thoirt seachad don a h-uile duine a bhios ri obair shaor-thoileach còmhla rinn.

Tha SISI agus urrasan iasgaich an dùil ri agus feumach air ìrean giùlain àrda leis an luchd-obrach agus saor-thoilich againn agus cha ghabhar ri giùlan neo-iomchaidh. Dh'fhaodadh seo cothroman saor-thoileach a mhilleadh do dhaoine eile agus sàbhailteachd a' ghnìomha anns a bheilear an sàs a chur ann an cunnart.

Ma dh'èiricheas cùis, bruidhnidh sinn anns a' chiad dol a-mach ris an neach/na daoine a tha an sàs. Ma thèid an giùlan atharrachadh, 's dòcha gun leigear leotha cumail orra mar shaor-thoilich. Ma leanas an droch ghiùlan, cha leigear leotha leantainn leis an obair shaor-thoilich còmhla rinn.

Ma bhios giùlan ann a thathar a' meas mar chùis fhìor dhroch ghiùlain, mar eisimpleir, fòirneart, goid, cleachdadh dhrogaichean, neo-ghèilleadh ri plana sàbhailteachd, sàrachadh is eile, thèid an neach a thoirt far na h-obrach sa bhad. Tha sinn a' glèidheadh còir airson cùisean da leithid innse do na h-ùghdarrasan iomchaidh a leithid Poileas Alba.

Tha sinn an dùil gun cùm saor-thoilich ri cleachdaidhean dìomhaireachd is mothailteachd.

## Dàimh le saor-thoilich

Tha SISI ag aithneachadh gur ann le an deòin agus le an toil fhèin a bhios saor-thoilich a' toirt seachad an cuid ùine. Ach thathar a' tuigsinn gum bithear a' toirt taic, earbsa agus uallach do chàch a chèile. Tha an dàimh seo stèidhichte air tuigse is earbsa do chàch a chèile.

Chan fhaodar dleastanas, taobh a-staigh no a-muigh cùmhnaint, a chur ro shaor-thoilich airson frithealadh no ceann-ùine a shònrachadh airson gnìomhan a choileanadh. Agus, mar sin dheth, chan eil uallach air SISI airson obair no cothroman cunbhalach a chur air dòigh don a h-uile saor-thoilich – ged a bhios sinn a' feuchainn ri gnìomhan saor-thoilich a dhealbhadh cho math 's a ghabhas airson a h-uile duine.

## Trèanadh

'S urrainn dhuinn, gun chosgais, cothroman trèanaidh is teisteanais a sholar do na saor-thoilich againn a leigeas leotha a bhith nas uidheamaichte ri linn obair ghnèithean sgaoilteach. Chan eil uallach air SISI airson na cothroman seo a sholar don a h-uile saor-thoilich – bidh na saor-thoilich a dhearbhas an cuid dealais is deòin mar phrìomhachas dhuinn. Agus, mar sin dheth, chan eil uallach air saor-thoilich airson cothroman trèanaidh is teisteanais a ghabhail os làimh no a choileanadh.

## Aithne is buannachd

Tha SISI ag aithneachadh gu bheil e cudromach gum bi saor-thoilich a' meas gu bheilear a' cur luach annta agus tha sinn airson obair nan saor-thoilich againn agus an cuid gnìomhan aithneachadh.

Nì sinn seo tro shanasachadh nan com-pàirteachasan againn san litir-naidheachd, air an làraich-lìn, air na meadhanan-sòisealta agus anns na naidheachdan. Thèid tachartasan sòisealta is cothroman trèanaidh a bharrachd a chumail airson taing a chur an cèill agus airson sàr obair a chomharrachadh.

Tha sinn a' tuigsinn gur e cothrom airson cur ri cunntas-beatha is cothroman fastaidh do chuid a th' ann an obair shaor-thoilich agus tha sinn ro dheònach clàr obair shaor-thoilich a thoirt seachad airson seo a dhearbhadh. Faodaidh saor-thoilich iarrtas teisteanais a chur don oifigear SISI ionadail aca.

## Molaidhean

Tha sinn a' cur fàilte air molaidhean le saor-thoilich mu na greisean obrach còmhla ri SISI agus cuiridh sinn seo gu feum airson cothroman saor-thoilich a thoirt am feabhas san àm ri teachd.

Aig amannan tron phròiseact, cuiridh sinn ceuman sònraichte air dòigh airson molaidhean is beachdan a chruinneachadh bhon lionra saor-thoilich againn ach tha sinn daonnan deònach èisteachd ri molaidhean bho na saor-thoilich againn.

## Slàinte is sàbhailteachd

Tha sinn a' cur cuideim air an dleastanas againn airson slàinte, sàbhailteachd is sunnd nan saor-thoilich againn. A rèir an lagha, tha a h-uile duine an urra ri an cuid sàbhailteachd fhèin agus an co-obraichean (saor-thoilich nam measg) fad an t-siubhail.

Thèid an cunnart an lùib gach gnìomh is pròiseict a sgrùdadh agus cuiridh sinn a h-uile ball de dh'uidheam sàbhailteachd air dòigh a bhios a dhìth air saor-thoilich.

Tha sinn an dùil gun lean a h-uile saor-thoilich an stiùireadh a bheirear dhaibh agus gun cleachdar uidheam gu sàbhailte, gun tèid fiosrachadh iomchaidh air suidheachaidhean meidigeach iomchaidh

innse dhuinn, agus gun tèid dòighean-obrach neo-shàbhailte is tubaistean innse dhuinn, mar a bhios iomchaidh, gus an toir sinn ar cuid dhòighean-obrach fhèin am feabhas.

### Dìomhaireachd agus dìon-dàta

Cumaidh SISI agus an t-urras iasgaich fiosrachadh is clàraidhean shaor-thoileach airson obair nan saor-thoileach a chlàradh, agus air adhbharan àrachais, slàinte is sàbhailteachd agus aithrisean phròiseactan. Tha barrachd fiosrachaidh air ciamar is carson a bhios sinn a' gleidheadh do chuid fiosrachaidh anns [an t-Sanas Dìomhaireachd](#).

### Co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhaltas

Tha SISI a' cur roimhe a bhith na phròiseact ion-ghabhailte a chuireas fàilte agus luach air a h-uile duine. Tha sinn a' cur romhainn fhèin gum broснаich sinn co-ionannachd agus iomadachd. Tha sinn an dùil gun dèan na saor-thoilich againn mar an ceudna.

### Dìon dhaoine agus dìon chloinne

Tha sinn an dùil, agus nì sinn ar dìcheall, gum bi a h-uile saor-thoileach, com-pàirtiche agus neach-buannachd air an cumail sàbhailte fhad 's a tha iad ag obair còmhla rinn. Feumaidh gach neach-obrach is saor-thoileach le dleastanasan airson aire a thoirt do chlann, daoine òga no inbhich so-leònte a dhol tro sgrùdadh Disclosure Scotland / Dìon Bhuidhnean So-leònte.

### Tuilleadh fiosrachaidh

#### Oifigearan;

Callum Sinclair

Manaidsear pròiseict: [callum.sinclair@nature.scot](mailto:callum.sinclair@nature.scot)

Vicky Hilton

Oifigear Shaor-thoileach is Conaltraidh: [vickyhilton@fnlft.onmicrosoft.com](mailto:vickyhilton@fnlft.onmicrosoft.com)

#### Ceanglaichean lìn;

Fiosrachadh pròiseict: [www.invasivespecies.scot/about-us](http://www.invasivespecies.scot/about-us)

Sanas dìomhaireachd: [www.invasivespecies.scot/privacy-notice-and-cookie-policy](http://www.invasivespecies.scot/privacy-notice-and-cookie-policy)

Mu obair shaor-thoileach: [www.invasivespecies.scot/how-you-can-help](http://www.invasivespecies.scot/how-you-can-help)

Leabhar-làimh do shaor-thoilich: [www.invasivespecies.scot/volunteer-now](http://www.invasivespecies.scot/volunteer-now)

[www.invasivespecies.scot](http://www.invasivespecies.scot)

*Poileasaidh air Obair Shaor-thoileach SISI  
Dreach as ùire; Dàmhair 2018*